


CÀITE AM FAIGH MI AN TUILLEADH FIOSRACHAIDH?

Gheibh thu fiosrachadh mu thadhal air na làraich uile air làraich-lìn Àrainneachd Eachdraidheil Alba. Cùm sùil a-mach airson leabhraichean-iùil airson Maeshowe agus Skara Brae. Tha Plana Riaghlaidh agus Clàr Rannsachaidh airson na Làraich Dhualchas na Cruinne rim faotainn airson an luchdachadh a-nuas bhon làraich-lìn aca.

Tha nithean à Skara Brae rim faicinn ann an Taigh-tasgaidh Arcaibh ann an Kirkwall agus ann an Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba an Dùn Èideann.

Tha rudan ùra gan lorg air agus mun cuairt air an Làraich Dhualchas na Cruinne, a' cur ris an tuigse a tha againn air na carraighean agus na daoine a thog iad 's a bha gan cleachdadh. Cùm sùil air na meadhanan airson fiosrachadh ùr no tadhal air na làraich-lìn aig cuid de na buidhnean a tha air an liosta air duilleig chùil na bileig seo.

An dùil cuairt a ghabhail gu Arcaibh? **Faigh an tuilleadh fiosrachaidh aig VisitScotland air-loidhne: www.visitscotland.com no Visit Orkney: www.visitorkney.com**



Cearcall Brodgar



Skara Brae

TUILLEADH FIOSRACHAIDH

ÀRAINNEACHD EACHDRAIDHEIL ALBA
Longmore House, Salisbury Place,
Edinburgh EH9 1SH

Tel: +44 (0)131 668 8600
Email: worldheritage@hes.scot

www.historicenvironment.scot

SEIRBHEIS NAM MAOR-DÙTHCHA,
ARCAIBH HONO WHS
Tel: +44 (0)1856 841 732
Email: orkneyrangers@hes.scot

COMHAIRLE ARCAIBH
School Place, Kirkwall, Orkney KW15 1NY
Tel: +44 (0)1856 873 535
Email: customerservice@orkney.gov.uk

www.orkney.gov.uk

NATURESCOT
Great Glen House, Leachkin Road,
Inverness IV3 8NW
Tel: +44 (0)1463 725 000
Email: enquiries@nature.scot

www.nature.scot

RSPB ALBA
2 Lochside View, Edinburgh Park,
Edinburgh EH12 9DH
Tel: +44 (0)131 317 4100
Email: nsro@rspb.org.uk

www.rspb.org.uk

INSTITIUD ARC-EÒLAIS UHI,
COLAISTE ARCAIBH
Kirkwall, Orkney KW15 1LX
Tel: +44 (0)1856 569 000
Email: archaeology@uhi.ac.uk

www.uhi.ac.uk/en/archaeology-institute

Air a chur an clò le Historic Environment Scotland
Iomhaighean © Crown Copyright HES mur eil a chaochladh air a ràdh
Còmhach Aghaidh: Skara Brae
© Historic Environment Scotland - Scottish Charity No. SC045925

OGL

You may re-use this information (excluding logos and images) free of charge in any format or medium, under the terms of the Open Government Licence v3.0 except where otherwise stated.

CRIDHE LINN ÙR NA CLOICHE ANN AN ARCAIBH



 Contact us through an online
Sign Language Interpreter
BSL contactSCOTLAND-BSL



Làrach Dhualchas
na Cruinne


O chionn còig mìle bliadhna, ann an ceann a tuath Alba, thòisich na daoine ro-eachdraidheil a bha air eileanan Arcaibh a' togail carraighean iongantach le cloich. Ann an 1999, chaidh àireamh dhiubh sin a sgrìobhadh air Liosta Dhualchas na Cruinne mar Làrach Dhualchas na Cruinne Cridhe Linn Ùr na Cloiche ann an Arcaibh, a' toirt aithneachaidh do an inbhe shònraichte.

Air Làrach Dhualchas na Cruinne tha baile Skara Brae: uaigh sheòmarach Maeshowe: Tursa Barnhouse agus na Tursachan ris an canar Watchstone: Tursachan Stenness: Cearcall Brodgar agus na carraighean mun cuairt air.

Tha gach làrach an seo nan sàr annas-làimhe a thaobh an togail agus an dealbhadh cloiche. Còmhla tha iad a' riochdachadh aon de na deilbh-tìre as beartaiche a tha buan o Linn Ùr na Cloiche air taobh an iar na Roinn Eòrpa. Bhuapa, gheibh sinn seallaidhean air leth air comann-sòisealta, sgilean agus creideas an spioradail nan daoine a thog iad.



Bho chli gu deas
Tursachan Stenness
Maeshowe
Taobh a-staigh Maeshowe
Cearcall Brodgar



DÈ TH'ANN AN CRIDHE LINN ÙR NA CLOICHE ANN AN ARCAIBH?

'S e sreath de charraighean cudromach a bha air an cleachdadh airson adhbharan dachaigheil agus deas-ghnàthach a tha ann an Cridhe Linn Ùr na Cloiche ann an Arcaibh. Tha iad suidhichte ann an àrainneachd àrsaidheil nas fharsainge, a tha beartach le fuigheach bho Linn Ùr na Cloiche agus iomadh àm nas fhaisge na sin ann an eachdraidh Arcaibh.

'S e baile no tuineachadh a tha ann an Skara Brae, le ballachan cloiche, tranntsaichean, agus àirneis cloiche mar leapannan agus dreasairean fhathast follaiseach ann an-diugh.

'S e tuama sheòmarach a th'ann am Maeshowe, eisimpleir mhiorbhaileach de dh'aitireachd air leth ann an Linn Ùr na Cloiche. Bha e air a dheilbh gus an soillsicheadh gathan dol fodha na grèine aig grian-stad a' gheamhraidh suas an tranntsa agus a-steach dhan t-seòmar iongantach sa mheadhan.

Tha Tursachan agus Henge Stenness nan tràth eisimpleir den t-seòrsa carragh seo. Tha na tursachan air leth mòr, a' seasamh aig suas ri 6 meatairean a dh'àirde.

'S e cearcall mòr cloiche a tha ann an Cearcall Brodgar. Tha e 130 meatair tarsainn. Air a chuirteachadh le dìg a th'air a gearradh às a' chreig, tha e air a shuidheachadh ann an lann-amharc nàdarra de chnuic is lochan.



DÈ A CHÌ MI 'S DÈ A NÌ MI AN-DIUGH?

Tha cuairtean le iùil a' toirt luchd-tadhair a-steach chun an t-seòmair àlainn a tha aig Cridhe Maeshowe, far am faicear cuideachd graffiti a rinn Lochlannaich a bha ri fàsadh ann. Faisg air làimh tha na cearcaill thursachan mòra aig Stenness agus Brodgar, far am faod thu cuairt a ghabhail aig d' astar fhèin no a dhol còmhla ri maoir-dhùthcha a bhios a' treòrachadh dhaoine air cuairtean a' coimhead ris an dualchas nàdarra agus chultarail aig na làraich. Tha an talamh timcheall air Cearcall Brodgar na thèarmann aig an RSPB far am faod thu cuairt a ghabhail san dealbh-tìre gun choimeas seo, a' faicinn an tuilleadh de dh'fhiadh-bheathaichean àraidh Arcaibh.

Sia mìle an iar-thuath, tha Skara Brae suidhichte ri taobh gainmheach gheal Bàgh Skaill, a' coimhead a-mach air a' Chuan Siar. A bharrachd air sùil a thoirt air na togalaichean a bh' ann bho thùs, faodaidh tu dhol dhan Ionad Luchd-turais airson mac-samhail taighe a sgrùdadh agus airson gnothaichean a bhuineadh do na daoine a bh' ann fhacinn.

